 MODEST. Measarthá, macanta, stúama, ceannfa, seamh.  
 MODESTY. Measarthachd, aghinaireachd, macantachd, stúamachd.  
 MODICUM. Cuibhríonn, mir beg.  
 To MODIFY. Atharuigham, caochlaigham.  
 MODIFICATION. Caochladh cruth.  
 MODISH. Nofmhóir, fasanta.  
 MODISHNESS. Nofmhóraichd, fasantachd.  
 To MODULATE. Ceolribham, meis-cheolam, ribhsheinnam, tomhaifam, meadaraigham, gleufam.  
 MOHAIR. Roinnaodach, snath do ghaoifid.  
 MOIETY. Leath.  
 To MOIL. Bualam le lathaich, no poll.  
 To MOIL. Bhith saothrachadh 's an lathaich.  
 MOIST. Tais, fliuch.  
 To MOISTEN. Fliucham, taisfúigham.  
 MOISTNESS. { Taifalachd, fliuchan,  
 MOISTURE. { flicidhachd.  
 MOKY. Dubhneulach, dorch.  
 MOLE. Fath, caochán.  
 MOLE (Spot). Ball dobhrain:  
 MOLEHILL, MOLECAST. Carnan caochain.  
 To MOLEST. Gailam, buaiream, cradh-am, bearranam, tuirsigham, cuiram triobloid air.  
 MOLESTATION. Triobloid, dragh, buaireadh.  
 MOLESTER. Buairadoir.  
 MOLLIENT. Maothach, maoth.  
 To MOLLIFY. Maothaigham.

## M O N

MOLLIFICATION. Maothaghadh.  
 MOLTEN. Leaghte.  
 MOLOSSES. Deasguin siucair.  
 MOME. Duine marbhanta gan tuigse.  
 MOMENT. Mamuin.  
 MOMENTARY. Gairrid, gearr.  
 MOMENTOUS. Cudthromach, arid.  
 MONACHAL. Manachal.  
 MONACHISM. Coinghioll no staid nam manach.  
 MONARCH. Ardriogh, aonriogh, ard-flaith.  
 MONARCHAL. Ardrioghal, aonranach.  
 MONARCHY. Aonfhlaithachd, ardrioghachd.  
 MONASTERY. Mainisdaир.  
 MONASTICK. Manachal.  
 MONDAY. Diluain.  
 MONEY. Airgad, cim, carb, monadh.  
 MONEY-CHANGER. Fear malairt airgaid.  
 MONEYSWORTH. Luachd airgaid.  
 MONGCORN. Maslim.  
 MONGER. Fear lamhrachdidd.  
 MONGREL. Ainmhidh a ghintar eidair da sheorsa.  
 To MONISH. Comhairluigham.  
 MONISHER. { Comhairluighe, fios.  
 MONITOR. { Comhairle.  
 MONITION. Comhairle.  
 MONITORY, a. Comhairleach.  
 MONK. Manach.  
 MONKEY. Apag.  
 MONKHOOD. Manachd; seorsa luibh.  
 MONKISH. Manachal; aonranach.  
 MONOCULAR. Leathfhuilach.  
 MONOGAMY. Pofadh aon mhna.  
 MONOLOGY. Caint no comhradh aonranach no ris fein.  
 MONOPOLIST. Fear milladh margaidh.

MONO-

## M O O

- MONOPOLY.** Cead aon duine earradha do reic.
- MONOSYLLABLE.** Aon sioleadh.
- MONOTONY.** Aon fhonn.
- MONSOON.** Gaoth sheidas as aon aird re uine shad.
- MONSTER.** Ainmhidh anchumta, arrachd, fiannarrachd, miochairthi, torathairachd.
- MONSTROUS.** Miochoirteach, aidhbheil, torathreach.
- MONSTROUSNESS.** Aidhbheilachd, torathairachd.
- MONTERO.** Curac marcuiach.
- MONTETH.** Saothach anns an glantar glainaichan.
- MONTH.** Mios, mi.
- MONTHLY.** Miosamhuil.
- MONUMENT.** Tuama, feudchomharta, comhthara cuimhue.
- MONUMENTAL.** Cuimhnach.
- MOOD.** { Gleus, doigh, modh, caidh, aiste,
- MODE.** } cruthriochd, inneal, gabhair, culidh, congraim, fuirm, fath, dal, nos, mos, misur, gne, cuit, seorsa, comadh, riaghail, ceird, ealadha, crioch, am, meas no tomhas ann ceol.
- MOODY.** Feargach.
- MOON.** Gealach, re, easga, eascon, luan.
- MOON-CALF.** Torrchos breige.
- MOON-EYED.** Gealshuilach.
- MOON-LIGHT.** } Sollus na geallaich.
- MOONSHINE.** }
- MOON-STRUCK.** Vide LUNATICK.
- MOOR.** Monadh, riasg, boglach.
- To **MOOR.** } Marruigham, acairuigh-
- MOORLAND.** } am.
- MOOR-COCK.** Caolach-fraoich.
- MOOR-HEN.** Cearc-fhraoich.
- MOORISH.** } Riasgamhuil.
- MOORY.** }

## M O R

- MOOR,** f. Duine dubh as an Africa.
- MOOT.** Aidhnas dlighe.
- To **MOOT.** Deanam aidhnas.
- MOOTER.** Aghnaidhe.
- MOP.** Moipal.
- To **MOP.** Rubam le moipal.
- To **MOPE.** Bhith tuirseach, miochriodhal.
- MOP-EYED.** Dall air leath-shuil.
- MORAL,** a. Modhamhuil, beufach, moralta.
- MORAL,** f. Bunchiall.
- MORALITY.** Beufamhlachd, moral-tachd.
- MORAL.** Beufamhuil, beufach, moralta.
- To **MORALIZE.** Bhith teagasc beufamhlachd, no bunchiall nithe.
- MORALS,** f. Beufa, nos, cleachda, gnath.
- MORASS.** Eusgidh, monadh.
- MORBIFICK.** Aicididhach.
- MORDICATION.** Greimadh, creimadh.
- MORE,** f. Tuille, barrachd.
- MORE,** a. Tuille, mugha.
- MORE,** ad. Ni's mo.
- MOREOVER.** Tuille fos, as a chionn sin, cuideachd, fos.
- MORIGEROUS.** Umhal, sochomhair-lighach.
- MORION.** Clogaid, curac, biraid.
- MORKIN.** Beothach alt a geibh bas le aicid no cineamhuin.
- MORLING.** Ollann caoraich a fhuair bas.
- MORN.** } Maddin, roimh meadhon-
- MORNING.** } la.
- MORNING-STAR.** Reul na maddine.
- MORNING-DRAUGHT.** Gloenid.
- MOROSE.** Crosda, doirbh, friotalach, friothnasach, cringanach, ciapalach.
- MOROSENESS.** Cringan, crosdachd, doirbhas, gruaimad.

Eee

## M O T

MORPHEW. Seorsa farchroicinn a thig  
do aghi dhaoine.

MORROW. Marach.

MORSE. Tarbh uisge.

MORSEL. Mir, greim, lan beil:

MORT. Moran; tuiramh, marbhrinn.

MORTAL, a. Basmorph, daonna, uath-  
bhafach, guafachdach.

MORTAL, f. Duine.

MORTALITY. Basmorphachd, bas, mar-  
bhachd.

MORTAR, MORTER. Criadhaol,  
Moirtaol:

MORTAR. Moirteal.

MORTGAGE. Geall:

To MORTGAGE. Geall do chur air ni.

MORTIFEROUS. Marbhach, mortach.

MORTIFICATION. Smachdachadh,  
lagachadh; truaillichadh.

To MORTIFY. Smachduigham, lagui-  
cham, cumam ann iochdar; truailluigham.

MORTISE. Tollann ceann maide.

To MORTISE. Tatham maide am maide  
eile.

MORTMAIN. Seilbh nach feudar do  
reic.

MORTUARY. Ni fhagas neach le ugh-  
achd'aig an eaglais.

MOSAICK. Maoisgha.

MOSAICK-WORK. Obair maoisgha.

MOSQUE. Teampul Turcach.

MOSS. Caoinach, mointeach.

To MOSS. Caoinach do chur air ni.

MOSSY. Caoineach.

MOST, a. Moa.

MOST, ad. Ro.

MOSTLY. Air a' chuid is moa.

MOTE. Vide ATOM, MOAT.

MOTH. Leomin.

MOTHER. Mathair, brinneach, naing,  
iog, buime.

MOTHER of Pearl. Neamhunn.

## M O U

MOTHERHOOD. Mathairdhlas.

MOTHERLESS. Gan mhathair.

MOTHERLINESS. Mathairalachd.

MOTHERLY. Mathairal.

MOTHY. Lan-leomin.

MOTION. Gluasachd, carachadh, siubh-  
al; athchuinge.

To MOTION. Taigfinam.

MOTIONLESS. Gan ghuasachd, gan  
charachadh.

MOTIVE, a. Carachal, gluasachdach.

MOTLEY. Ioldathach.

MOTTO. Focal air ceann suaitchion-  
tais.

To MOVE. Caraigham, gluaisfam, folabh-  
am, siubhalam, luasgam.

MOVEABLE, a. Inghluaise, aistreach.

MOVEABLES, f. Maoin foghluaise.

MOVEMENT. Gluasachd, caraghadh.

MOVER. Caruighoir.

MOVING. Gluaisfach.

MOULD: Saothach-cumaidh, mulladh;  
fos criadh,uir.

To MOULD. Tilgam am mulladh, cu-  
mam, dealbham, suatham, fuinam.

To MOULD. Do bhith air liathadh,  
liathruigham, ciuruinigham le uir.

MOULDABLE. Sochumte.

MOULDER. Fear thilgadh potaichan,  
criadhadar.

To MOULDER. Crionam, tuitam gu  
luaihreach.

MOULDINESS. Leithad.

MOULDWARP. Fath, caochan.

MOULDY. Liath, air liathadh.

To MOULT. Cluimh do thilgin.

MOUND. Bruach, cloidh, daingnach.

To MOUND. Daingnaicham le cloidh.

MOUNT. Cnoc, sliabh. Vide HILL.

To MOUNT. Eirgham, arduigham, to-  
gam ann ard; racham air each; ugham-  
aim, gleufsam.

MOUN-

## M U C

- MOUNTAIN. Sliabh, beinn.
- MOUNTAINEER. Sighdhaire, sliabhaire, roilbheoir.
- MOUNTAINOUS. Cnocach, fleibh-teach.
- MOUNTEBANK. Cleasaiche, lighiche, scoitiche.
- MOUNTER. Fear a dh'eirghas no dhuisgeas suas.
- To MOURN. Deanam cumhadh no bron. Vide To LAMENT.
- MOURNER. Duine bronach, cumhach, caointach.
- MOURNFUL. Dobronach, bronach, bearanach, dolasach, doilgheasach, eolchaireach, triamhainach, gleodhach, ciarmhairach, deoranta, cumhach, craidhte, turfeach, gruama, mucnach, miolaineach, dubhach, dulmhír.
- MOURNFULNESS. Cumhadh, bron, doilghas.
- MOURNING. Triamhuin, uallfurtachd, bron; eidadh broin.
- MOUSE. Luch, luchag.
- MOUSER. Neach ghlacas luchidh.
- MOUSE-TRAP. Gaisde luchidh, cat-crainn.
- MOUTH. Beul, fe, bil, cel, gion, men, gulba, coil, cailbhe, cab, subhaiste, braoifg.
- To MOUTH. Beul do dheanamh; cair do chur, no braoifg do chur air; itham.
- MOUTHFUL. Lan beoil.
- MOUTHLESS. Gan bheul.
- MOW. Dais, cruach.
- To MOW. Bhith faoidhadairachd, gearram-faoidh no feur; spealam.
- To MOWBURN. Teas do ghabhal anns an dais.
- MOWER. Saoidhadair, spealadair.
- MUCH. Moran, iomad.
- MUCH MORE. Moran tuille, no bharachd.

## M U L

- MUCID. Sleamhuin.
- MUCILAGE. Deoch shleamhin.
- MUCK. Innair, aolach, buachar, muirgin, cac, sal, salchar, bualtrach, otrach, leaffuchadh.
- To MUCK. Leaffuchadh.
- MUCKENDER. Napicin pocadh, feil-aodach.
- MUCKHILL. Carnan aolaich. Vide DUNGHILL.
- MUCKINESS. Salchar.
- MUCKLE. Mor.
- MUCK-SWEAT. Trom-fhallus.
- MUCKY. Salach.
- MUCOUS. Smugach, seileach.
- MUCOUSNESS. Sleamhnachd.
- MUCRONATED. Birach.
- MUCUS. Seile, smug, sal.
- MUD. Poll, clabar, munloch.
- To MUD. Salaicham le poll; cui-
- To MUDDLE. Ram air mhiog.
- MUDDINESS. Drabhagach.
- MUDDY. Drabhagach, salach, dorch.
- MUFF. Folach croicuin do na lamhan anns a' gheamhradh.
- To MUFFLE. Rothlam suas, folaicham, labhrám briotach.
- MUFFLER. Aodach braghaid.
- MUFTI. Ardshagart Turcach.
- MUG. Mugan, seorsa saothaich criadha.
- MUGGISH. Tais, fiuch.
- MUG-HOUSE. Tigh suarach oil.
- MUGWORT. Liathlus.
- MULATTO. Mac duine dhuibh'us mnai ghil.
- MULBERRY. Crann maoldhearc.
- MULCT. Fional. Vide FINE.
- MULE. Maolluinn.
- MULETEER. Giolla each.
- MULIEBRITY. Bainnionnas.
- To MULL. Milfigham.
- MULLER. Cloch le meilthar nithe eile.
- MULLET.

MULLET. Seorsa eisg mara, muiled.  
 MULTANGULAR. Ilchearnach.  
 MULTIFARIOUS. Iolchrothach, iol-bheusach.  
 MULTIFORM. Iolchrothach.  
 MULTILOQUOUS. Caintach.  
 MULTIPEDE. Iolchosach.  
 MULTIPLICATION. Iomadaghadh.  
 To MULTIPLY. Iomaduigham.  
 MULTIPLICITY. Iomadamhlachd.  
 MULTIPLIABLE. Iomadamhuil.  
 MULTITUDE. Moran, sluagh, pobul.  
 MULTURE. Moltuir.  
 MUM! Eis!

MUM, f. Seorsa leann.  
 To MUMBLE. Bhith briot; cagnam.  
 MUMBLER. Duine briotach.  
 To MUMM. Cighis do chur air.  
 MUMMERY. Cighis, breig riochd.  
 MUMMY. Corp marbh air à choimhad gan truailladh.  
 To MUMP. Bhith minchagnadh, no caint go luath, iarram.  
 MUMPER. Deircair.  
 To MUNCH. Cagnam, glamam.  
 MUNCHER. Glaimsfair.  
 MUNDANE. Saoghalta.  
 MUNDATORY. Glanta.  
 To MUNDIFY. Glanam.  
 MUNIFICENCE. Feile, toirbheartas, fialmhorphachd.  
 MUNIFICENT. Fial, toirbheartach.  
 MUNICIPAL. A bhuiñas do comhchorp no baile mor.  
 MUNIMENT. } Daingnach.  
 MUNITION. } Daingnach.  
 MURAGE. Cios chum balla cathrach do chumal suas.  
 MURDER. Mort, marbhadh, feall, dun-mharbhadh.  
 MURDERER. Fear fill, mortair.  
 To MURE. Iomdhruidam.

MURDEROUS. Fealtal.  
 MURMUR. Glamhsan, torghan; mónmhar, torman, cnaighcheol, ciulan, gnadan, dòrdan, darfan, siuisan, buisceach.  
 To MURMUR. Bhith monmhur, fuaim chaol no torghan do dheanamh.  
 MURMURER. Fear monmhuir, glamhoir.  
 MURRAIN. Conach.  
 MURREY. Ruadh-dhorch.  
 MUSCLE. Feithe.  
 MUSCULAR. } Feitheach.  
 MUSCULOUS. } Feitheach.  
 MUSE. Fathbhainde, baindee, foghlum filidhachd & ceoil, aoi, eigisi, shearthona, eolcha, clar, aofdana; cumhachd na filidhachd, smuaintigh throm.  
 To MUSE. Smuintuigham.  
 MUSER. Smuintuighoir.  
 MUSEUM. Seudlán, seudcha.  
 MUSHROOM. Fas na h aon oiche, ba-lag losgain.  
 MUSICK. Ceol.  
 MUSICAL. Ceolmhòr.  
 MUSICALNESS. Ceolmhòrachd.  
 MUSICIAN. Fear ciuil, amhar, rinn, cor, aine, peiteadh, oirfideadh, binnas, binne.  
 MUSK. Musc, feorsa lùithrein fhasas anns lamhnan beathaicha anns na innse.  
 MUSK-CAT. Catmusc.  
 MUSKET. Musgaid.  
 MUSKETEER. Fear musgaid.  
 MUSKINESS. Boladh musg.  
 MUSKY. Air bhola musg.  
 MUSLIN. Aodach finealta canaich.  
 MUSROL. Sroiniall freine.  
 MUSSITATION. Monmhur.  
 MUSSULMAN. Aon do cheidamh Mha-homed.  
 MUST, a. Eigin.  
 MUST, f. Fion ur, no milis.

## M U T

- To MUST. Liathram.  
 MUSTACHES. Feusag air a' bheul uachd-air.  
 MUSTARD. Mustard.  
 To MUSTER. Reimhfheucham.  
 MUSTER. Reimhfheuchin.  
 MUSTER-ROLL. Ainmlite.  
 MUSTINESS. Liathradh.  
 MUSTY. Air liathradh.  
 MUTABILITY. Caochlaidhachd.  
 MUTABLE. Caochlaidach.  
 MUTATION. Caochladh.  
 MUTE. Balbh, tosdach, amhlabbair.  
 To MUTE. Do chac mar eun.  
 To MUTILATE. Ciorbham, ciothram-aicham.  
 MUTILATION. Ciorbhadh, ciothram-achadh.  
 MUTINEER. Culmhutaire.  
 To MUTINY. Culmhutairachd do dheadamh.  
 MUTINY. Culmhutairachd.  
 To MUTTER. Drandan do dheanamh.  
 MUTTER. Drandan, dordan, siusan.

## M Y T

- MUTTERER. Fear drandanach; no ni ceasachd.  
 MUTTON. Moltfheoil.  
 MUTUAL. Aisfreimnighach.  
 MUTUALLY. Go aisfreimnighach, da cheile air eile, mar aon air a cheile.  
 MUZZLE. Beul, cab, gros, bus; busfiall.  
 To MUZZLE. Cuiram busfiall no casdan.  
 MY. mo.  
 MYRIAD. Deich mile.  
 MYRRH. Seorsa bith deaghbholaidh.  
 MYRTLE. Miortul.  
 MYSELF. Mifein, mefein.  
 MYSTERIOUS. Dorch, dothuigfin.  
 MYSTERIOUSNESS. Dothuigse.  
 MYSTERY. Ni dorch, dothuigfin, dia-mhir, folaichte.  
 MYSTICAL. Dorch, diamhir, folaichte, dothuigfin.  
 MYTHOLOGY. Creidamh nam paganach.  
 MYTHOLOGIST. Neach eolach's an chreidamh fin.

## N.

## N A M

- N**ADIR. Am ponc do na flathais a' ta direach foi ar cosa.  
 NAG. Gearran beg.  
 NAIADES. Beandee nan uisgeacha, tuilta.  
 NAIL. Tarrang.  
 To NAIL. Tarrang do chur.  
 NAILER. Tarrangoir.  
 NAKED. Nochd, ruisg, lom, lomnochd, lomraigsteach, tul.  
 NAKEDNESS. Nochd, nochduighachd.  
 NAME. Ainm.

## N A P

- To NAME. Ainmuigham.  
 NAMELESS. Gan ainm, neimhainm-uighe.  
 NAMELY. 'Se sin re radh.  
 NAMESAKE. Comhainm, fear cin-naidh.  
 NAP. Codal beg, neul codaill, lochdan; roinneach aodaich.  
 To NAP. Bhith codal, bhith faotin neul codail.  
 NAPE. Cul a' muinail.  
 NAPPINESS. Gibaichad aodaich.

F ff

NAPKIN.

## N A V

NAPKIN. Breid no brat laimh.  
 NAPPY. Cobharach.  
 NARCISSUS. Lus a chromchin.  
 NARCOTICK. Leighas a bheir as mothachadh & meomhair.  
 NARRATION. Aithris sgeoil, innfadhbh.  
 NARRATIVE, a. Aithrisach, sgeulach.  
 NARRATIVE, f. Sgeulachd.  
 NARRATOR. Sgeulaiche.  
 NARROW. Aimhlionn, cumhang.  
 To NARROW. Deanam aimhlionn,  
 cuimhangacha.  
 NARROWLY. Go cumhang; air eigin.  
 NARROWNESS. Cuimhangad.  
 NASAL. Sronamhuil.  
 NASTY. Salach, brocach, deisdinach.  
 NASTINESS. Salchar.  
 NATAL. Breitha.  
 NATION. Ðuthich, talamh, pobul,  
 cinneadh.  
 NATIONAL. Duthchasach, cinnadal,  
 tirgha.  
 NATIVE, f. Neach rugadh ann tir.  
 NATIVE. Breitha, duthchasach.  
 NATIVITY. Breith, tuismeadh.  
 NATURAL. Nadurrha; diolain.  
 NATURALIST. Duine foghlumte ann  
 colas nadurrha & na cruithachd.  
 To NATURALIZE. Ceart-bhreith thort  
 do aon.  
 NATURE. Nadur, an domhan, a' chru-  
 inne go leir, tionsnadh, bunudhas.  
 NAVAL. Margha.  
 NAVE. Iomlag roth, cairtcheap, crub,  
 meadhon eaglais.  
 NAVEL. Iomlag.  
 NAUGHT. } Dona, olc, coiripidh,  
 NAUGHTY. } drochbheusach. Vide  
 EVIL, BAD.  
 NAUGHTINESS. Olcas, drochbheus.  
 NAVIGABLE. Sosheolta, doimhan.  
 To NAVIGATE. Seolam.

## N E D

NAVIGATOR. Seoladar.  
 NAULAGE. Faradh.  
 NAUMACHIA. Longthroid, sgafthreid,  
 muirghrim.  
 To NAUSEATE. Deisdinam..  
 NAUSEOUS. Deisdinach.  
 NAUSEOUSNESS. Deisdin.  
 NAUTICAL. Margha, loingach.  
 NAVY. Cabhlach, plod.  
 NAY. Ni, cho.  
 NEAF. Dorna.  
 To NEAL. Beiram faobhairt do.  
 NEAP. Iofal.  
 NEAR. Dlu, am fogusg, annois, ann-  
 gearr.  
 NEARLY, ad. Ach beg, cho mhor.  
 NEARNESS. Dluthas.  
 NEAT. Deas, gasda, innealta, beartha,  
 glan.  
 NEATHERD. Buchaile bo.  
 NEATNESS. Deisad, gasdachd, innealt-  
 achd.  
 NEB. Gob, fron.  
 NECESSARIES. Coimhdheisachd, riach-  
 danas.  
 NECESSARY. Riachdanach.  
 To NECESSITATE. Eignaidham.  
 NECESSITOUS. Uireasbhach, feimal-  
 ach.  
 NECESSITY. } Eigin, foireigin, uir-  
 NECESSITUDE. } easbhadh.  
 NECK. Muinnal, amhach, coilair, bragh-  
 ad.  
 NECKCLOTH. } Brat-braghad.  
 NECKERCHIEF. }  
 NECKLACE. Truisbhraghad, ursgar  
 bhraghad, muinshead.  
 NECROMANCY. Marbhdroithachd.  
 NECTAR. Deoch mhilis deir na filidha  
 gun ol na dea breige iocshlainte.  
 NEED. Feim, feimalachd, easbhuidh,  
 uireasbhidh, bochdin, riachdanas.

To

## N E S

To NEED. Feimam.  
 NEEDFUL. Feimal, riachdanach.  
 NEEEDFULNESS. Feimalachd, riachd-anas.  
 NEEDLE. Snathad.  
 NEEDLEFUL. Lan snathaid.  
 NEEDLEWORK. Obair-schnathaid.  
 NEEDLESS. Neofheimal.  
 NEEDY. Bochd, Uireabhidhach.  
 NE'ER. Go brath, amfeasd.  
 NEFARIOUS. Malluighe, coiripidh.  
 NEGATION. Diultadh, seanadh.  
 NEGATIVE. Diultach.  
 To NEGLECT. Failligham, aillfigham, adhmoilam, bhith neimhaireach, neochur-amach.  
 NEGLECT. } Neochuram, neimh-  
 NEGLIGENCE. } aire.  
 NEGLIGENT. } Maineachdach, fail-  
 NEGLECTFUL. } ligheach, aillseach, admol, neimhairach, neochuramach, neodheidhach, feimh, neoshuimal, neospisal.  
 To NEGOTIATE. Gnothaich do dheanamh no chur air aghi, ceannnigham, trachdam.  
 NEGRO. Duine dubh.  
 To NEIGH. Seitrich do dheanamh.  
 NEIGH. Seitrich.  
 NEIGHBOUR. Coimharsnach.  
 NEIGHBOURHOOD. Coimharsnachd.  
 NEIGHBOURLY. Coimharsnal.  
 NEITHER. No, ceachdar, fos.  
 NEPHEW. Mac brathair no piuthair.  
 NEPHRITICK. Luan-easad, luan-ghalar, airneasidhach, luaintiù.  
 NEREIDES. Bandee na mara.  
 NERVE. Feith.  
 NERVOUS. Feithach, luthor.  
 NERVOSITY. Neart, luthorachd.  
 NESS (termination). Achd, ad.  
 NESS (with proper names). Innis, eilain.

## N I E

NEST. Neud.  
 To NESTLE. Neaduigham, bhith ag-unfuit.  
 NEST-EGG. Ugh nid.  
 NET. Lion, eangach; gaisde.  
 NET-WORK. Obbaир-lionan.  
 NETHER.  
 NETHERMOST. } Iosle, iochdarach.  
 NEVER. Riamh, go-brath, am feasd.  
 NEVER-THELESS. Gidheadh, air a fhion-fin.  
 NEUTER. Neachdar.  
 NEUTRAL. Neachdarach.  
 NEUTRALITY. Neachdarachd.  
 NEW. Nuadh, ur.  
 NEWFANGLED: Lan ciadlus.  
 NEWFANGLEDNESS. Ciadlus.  
 NEWING. Deasguin.  
 NEWNESS. Nuadhachd, uirad.  
 NEWS. Nuaidhachd, sgeul.  
 NEWS. Seorsa dearcluachrach.  
 NEW-YEAR's-GIFT. Iarsmadh, nuaidh-thiodhlacadh, iriseas, abhchoide, colinn, tiodhlacadh.  
 NEXT. Foigse, gairre, dluithe, ath, dara, neasa.  
 NIB. Gob, barr.  
 To NIBBLE. Piocam.  
 NIBBLER. Piocadair.  
 NICE. Finealta, glan, deas, amhrasach, aireach air fein; blafta.  
 NICETY. } Finealtachd, innealtachd;  
 NICENESS. } blaftachd.  
 NICHE. Buait.  
 NICK. Neag, minnaid.  
 To NICKS. Ammaisam, frugaram, meallam, neagam.  
 NICKNAME. Farainm, leasainm.  
 NIDE. Al, alach.  
 NIDGET. Baothan, oinmhid.  
 NIECE. Inghean brathair no piuthair, gainghean, gaingean, beanogha.  
 NIGGARD.

## N I T.

NIGGARD. Truaillanach.  
 NIGH. Dluth, aig laimh, am fogasg,  
 ann gearr.  
 To NIGH. Dluthcham.  
 NIGHTLY. Ach beg.  
 NIGHTNESS. Dluthas.  
 NIGHT. Oiche.  
 To NIGHT. Ann nocht.  
 NIGHT-CAP. Curac oiche.  
 NIGHT-DRESS. Culidh oiche.  
 NIGHTED. Air dorchadh.  
 NIGHT-GOWN. Gunn oiche.  
 NIGHTINGALE. Smeorach, eun ro  
 bhinn spideog.  
 NIGHT-MARE. Tromligh.  
 NIGHT-RAVEN. Caillach oiche.  
 NIGHTSHADE. Lus na h oiche.  
 NILL. Driuthlagan ceardaich, splancach.  
 To NILL. Bhith neodheonach.  
 NIMBLE. Beo, beatháil, luthor.  
 NIMBLENESS. Luthorachd.  
 NINE. Naoi, naonar.  
 NINEFOLD. Naoi uaire.  
 NINEPINS. An cailise.  
 NINE-SCORE. Naoi fichad.  
 NINETEEN. Naoi deug.  
 NINETEENTH. Naoio deug.  
 NINETIETH. Naochado, an deich o h ar  
 a ceithair fichad.  
 NINETY. Naochad, deich & ceithair  
 fichad.  
 NINTH. Naoidho.  
 NINNY. Leath amadan.  
 To NIP. Gearram, beiram greim as, creim-  
 am, ingnidham, leamam, greadam, mi-  
 thagaicham.  
 NIP. Greim, greim fiacul, mithag.  
 NIPPLE. Ceann ciche, sinneadh.  
 NIT. Sneadh.  
 NITHING. Gealltaire, cladhaire.  
 NITRE. Seorsa salann.  
 NITROUS. Salannach.

## N O M

NITTY. Sneadhach.  
 NIZY. Amadan.  
 NO. Cho, ni.  
 To NOBILITY. Deanam onorach no  
 uafal.  
 NOBILITY. Daoine onorach, uaifle.  
 NOBLE, a. Onorach, uafal, oirdlæire,  
 noithach, nuall, nois, nodh, nathan,  
 nafadh, gno, ealg, amhra, neasa, nuallan,  
 uaill, earlamh, dearfगaidh, uais, ard, art,  
 er, guaire, faor, mor, mordha, moralach,  
 masglach, barramhuil, oireadha, farranta,  
 ardhadachdach, ballardach, imraidh teach,  
 ainmneach, gorm, grata.  
 NOBILITY.  
 NOBLENESSE. } Uaifle, maithamh.  
 NOBLESS.  
 NOBODY. Neodhuine.  
 NOCENT. Ciontach.  
 NOCTURNAL. Do'n oiche.  
 To NOD. Smeidam, cratham, bhith  
 turadan.  
 NOD. Crathadh cinn, smeidadh.  
 NODDING. Turadan.  
 NODDLE. Ceann, cruaic.  
 NODE. Snaidhm.  
 NODOUS. Snaidhmach.  
 NOGGIN. Noiggin, saothach beg fiadh.  
 NOISE. Bruidhann, gair, calloid, toirm,  
 fuaim, glamhsan, tordhan, toran, torman,  
 toirneis, pleasg, pleasgadh, pleasgarnach,  
 bloisg, bloisgadh, gliogar, gliogarnach,  
 diosgadh, diosgan, diosgarnach, diogaighil,  
 briosgarnach, clagarnach, mongar, monar,  
 durfa, durfan, glaothar.  
 To NOISE. Bruidhann do dheanamh.  
 NOI SOME. Olc, lochdach, urchoidach.  
 NOISY. Bruidhnach, tordhanach, glao-  
 thrach.  
 NOLITION. Neothoil.  
 NOMBRIL. Iochdar suaitheontais.  
 NOMENCLATURE. Foclóir.  
 NOMINAL.

## N O T

NOMINAL. Ainmach.  
 To NOMINATE. Ainmuigham.  
 NOMINATION. Ainmughadh.  
 NOMINATIVE. Ainmunach.  
 NON. Neimh, nco.  
 NONAGE. Oige.  
 NONCONFORMITY. Gan bhith reir creidamh Shasguin.  
 NONE. Ni aon.  
 NONENTITY. Neoni.  
 NONEXISTENCE. Neobhith.  
 NON-NATURALS. Athar, biadh, deoch, codal, aithrachadh, & gluasachd.  
 NON-PAYMENT. Failaghadh diolaidh.  
 NON-PERFORMANCE. Failaghadh coimhlionaidh.  
 NON-RESISTANCE. Umhlachd, gan cur ann aghi.  
 NONSENSE. Begthuigse, michiall.  
 NOODLE. Amadan.  
 NOOK. Cuil, oisain, niuc.  
 NOONDAY. } Meadhon-la.  
 NOONTIDE. } Meadhon-la.  
 NOOSE. Snaidhm, dul, cuibhrach.  
 To NOOSE. Snaidhmam, ceanglam.  
 NOR. No.  
 NORTH. Tuath, tuaisgeart.  
 NORTHERLY. Am mathghamhin mor, an ceata cam, badhbh, feichdreult, fochia, aindeas.  
 NORTH-EAST. Near thuath.  
 NORTHERN. Tuatha.  
 NORTH-WEST. Niar-thuath.  
 NORTH WIND. Gaoth tuath.  
 NOSE. Sron, comar.  
 To NOSE. Sronagraigham.  
 NOSEGAY. Blathfleasg.  
 NOSE-SMART. Biulair.  
 NOSLE. Sron.  
 NOSTRIL. Pollara, poll.  
 NOT. Ni, cho.  
 NOTABLE. Oirdheirc, noitheach, nuall,

## N O W

aitheanta, follas, ionchomhartha, ion-araidhe.  
 NOTABLENESS. Oirdhearcas, ion-chomharthachd.  
 NOTARY. Sgriobhneoir folluisach.  
 NOTCH. Eag, neag.  
 To NOTCH. Neag do dheanamh.  
 NOTE. Comhthara, bann, bann beinciar, airdhe, fighin, sliochd, lorg, cron, on, leas.  
 NOTE-BOOK. Leabhar cuntas, meomh-ranach.  
 To NOTE. Comharthaicham, airdham, sleachtam.  
 NOTHING. Dad, neoni.  
 NOTHINGNESS. Neonitheachd.  
 NOTICE. Aire, aithne, fanear, fodh, grith, ris, eoluil.  
 NOTIFICATION. Fios, tuairisge.  
 To NOTIFY. Fios tuairisge do thabhart.  
 NOTION. Breathnughadh, baramhuil, smuaintigh.  
 NOTIONAL. Baramhuilach.  
 NOTORIETY. Ainmalachd, folluis-achd.  
 NOTORIOUS. Ainmal, folluis.  
 NOTWITHSTANDING. Gidheadh, thar a cheann fin.  
 NOVATOR. Nuadhthionsgantoir.  
 NOVEL. Ursgeul, sgeul breugach, stair inntleachdach.  
 NOVELTY. Nuaidhachd.  
 NOVEMBER. An naoimhios.  
 NOUGHT. Neoni, dad.  
 NOVICE. Duine og air toisachadh air ealadhain, brathair og eaglaife.  
 NOUN. Ainm.  
 To NOURISH. Biatham, oileamhnam, altramam.  
 NOURISHMENT. } Biadh, bēatha,  
 NOURITURE. } oileamhun.  
 NOW. Anois, air an uair.

G · g · g

NOW-

## N U M

NOW-A-DAYS. Anns na laethe fo.  
 NOW-AND-THEN. Nois & aris, andraist  
     & aris.  
 NOWISE. Iddir.  
 NOXIOUS. Urchoidach, lochdach, doch-  
     arach.  
 NUBILOUS. { Dorch, dubhlidh.  
 NUBIFEROUS. {  
 NUDATION. Nochdadh.  
 NUDE. Lomnochd.  
 NUDITY. Nochd.  
 NUGATORY. Suarach.  
 NUISANCE. Grain, salchar, urchoid.  
 To NULL. { Cuiram gu neon.  
 To NULLIFY. {  
 NULL. Fallamh, neonithach.  
 NUMB. Marbh, balbh, air marbhlapadh.  
 To NUMB. Bhith air marbhlapadh.  
 NUMBNESS. Marbhlapadh.  
 To NUMBER. Rimham, airmham, air-  
     mhainam, conasam, measam, cuntam,  
     breathnasam, dilam, icam.  
 NUMBER. Aireamh, uimhir, nuimhir,  
     rimh, ionran, bean, dirna, coimhde.  
 NUMBERLESS. Gan aireamh.  
 NUMBLES. Putoga, ionar, no mionach  
     feidh.

## N Y M

NUMERAL. { Aireamhach, iomadal.  
 NUMEROUS. {  
 NUMERATION. Aireamh, rimh.  
 NUMERATOR. Aireamhoir.  
 NUN. Caillach dhuhb, bean riagh-  
     alta.  
 NUNCIO. Teachdaire an Phap.  
 NUNCUPATIVE. Le focal beoil.  
 NUNNERY. Mainisair chaillach dhuhb.  
 NUPTIALS. Posadh, banis.  
 NURSE. Beanaltra.  
 To NURSE. Beanaltram.  
 NURSERY. Seomar-arich.  
 NURSLING. Dalta, bandalta.  
 NURTURE. Biadh, oileamhun, fogh-  
     lum.  
 To NURTURE. Togam suas, oileamh-  
     nam.  
 NUT. Cno, cnudh.  
 NUTRIMENT. Biadh, lon.  
 NUT-SHELL. Plaoig cnudhe.  
 NUT-TREE. Craobh chnudhe.  
 NUTRITIOUS. { Susbuinach, biadhor.  
 NUTRITIVE. {  
 NYMPH. Siothbhrag, sioguidhe, beande;  
     inghin, maighdionn.

## O A R

O AF. Oinmhidh, amhlan.  
 OAK. Darach, dair, cuñnadhn,  
     omna, dairbhre, darag.  
 OAK-APPLE. Daighe.  
 OAKEN. Daraicha.  
 OAKUM. Ascaird, barrach.  
 OAR. Ramh.

## O.

## O A T

To OAR. Iomaram.  
 OAT-CAKE. Bonnach, breacag, aran  
     coirce.  
 OATEN. Coirce.  
 OATH. Mionna, mionn, moid, boid.  
 OATH-BREAKING. Eithach.  
 OATMEAL. Min choirce.  
 OATS.

## O B L.

OATS. Coirce.  
 OBDURACY. Cruascriodhe.  
 OBDURATE. Cruaidhchriodhach.  
 OBEDIENCE. } Umhlachd, fomos.  
 OBEISANCE. }  
 OBEDIENT. Umhal.  
 OBELISK. Liagan.  
 To OBEY. Geillam, umhlaigham, urramam, omoidam.  
 OBJECT. Cuspair, ball, comhartha.  
 To OBJECT. Frithbheiram, cuiram ann aghi, cuiram foi leath, imordam, cronaigham, aidhbhigam, coimhairgham do, nim cuspoirachd air, cuspoiram.  
 OBJECTION. Cuspoiradh, frithbheitadh, cunnuil.  
 OBJECTIVE. Cuspoirdha.  
 OBIT. Cumhadh mairbh.  
 To OBJURGATE. Beiram achmhafan, cronusigham.  
 OBJURATION. Achmhafan, cronusighadh.  
 OBLATION. Iodhbairt.  
 OBLECTATION. Solas.  
 To OBLIGATE. Ceanglam, nasgam, cuibhruigham, curim commuin air.  
 OBLIGATION. Bann, commuin, ceangal.  
 OBLIGATORY. Ceangalach.  
 To OBLIGE. Ceangalam, iomainam; deanam fochar no soilas.  
 OBLIGING. Suaire, focharach, soilafach.  
 OBLIQUATION. } Claonadh, cromadh.  
 OBLIQUITY. }  
 OBLIQUE. Cam, claon, aomte.  
 To OBLITERATE. Dubham amach, crosam, earchailam, sgriosam, urmam, millam, cuiram air dearmad no as cumhne.  
 OBLIVION. Dearmad, ceal, seachmall, laimhthionadh.  
 OBLIVIOUS. Dearmadach, neochuimhnach, seachmhällach.

## O B S

OBLONG. Leathfhada.  
 OBLOQUY. Masadh.  
 OBNOXIOUS. Cionntach, coirtheach, lochdach, infosda, daortha, damanta.  
 To OBNUBILATE. Dubhneulam.  
 OBREPTION. Eulath, brisadh, astach.  
 OBSCENE. Neoghlan, miogheamnidh, mionairach, ancheirdach, salach, brogach, breun, miomhacanta; mioaghор.  
 OBSCENITY. Mio-gheamnidhachd, mionaire.  
 OBSCURE. Dorch, foluighe, amhra, doilleir, leirfcona, droch, foirtche, duaithnighthe, dubh, loch, neoshoilseach, ceothor, dubhneulach, doaidhbhseach, dibh-rach, deirridach, cruaghalaich.  
 To OBSCURE. Dorchuigham, foluigham, dubhneulam.  
 OBSCURITY. Dorchadas, uaignas.  
 OBSECRATION. Dian-athchuinge.  
 OBSEQUIES. Tuirithamh, marbhrainn, onoir adhlacaidh.  
 OBSEQUIOUS. Umhal.  
 OBSEQUIOUSNESS. Umhlachd.  
 OBSERVABLE. Ionchomharthuighe.  
 OBSERVANCE. Modh, geill, meas, airmine, urram.  
 To OBSERVE. Feitham air, friathlam, bitham am ghiolla, am oglach, am bheanoglach, no am chumhal; comharthuigham, fionnam, beiram fanear; cigham, tuigam, coimhadam; ata meas, onoir no airmhinde agam do neach; beiram fanear; coimhdam, coimhlionam.  
 OBSERVER. } Duine aireach.  
 OBSERVATOR. }  
 OBSERVATION. Aire, tobhart-fanear.  
 OBSESSION. Iomdhruidadh.  
 OBSOLETE. Sean, as feim.  
 OBSTACLE. Ball toirmaisg.  
 OBSTINACY. Antoileamlachd, ceannaire, crosantachd.  
 OBSTINATE.

## O C C

OBSTINATE. Antoilal, anfrianta, easumhal, crosanta, ceanntreun, ceannaircach.

OBSTREPEROUS. Calloidach, buair-asach.

To OBSTRUCT. Grabbam, druidam, dunam, iadham, foireignam, loisgam, toirmasgam, basgam, hacam, eagairam.

OBSTRUCTOR. Fodoighthoir, foireig-antoir.

OBSTRUCTION. Grabbadh, bacal, fdad, cosg, toirmasg, druidadh, fodaghadh, foireignachadh.

To OBTAIN. Faidham, geibham, fairnicam, solaram, cruinuigham, tionolam, gnothaicham.

To OBTEMPERATE. Geillam.

OBTRECTATION. Culchainadh.

To OBTRUDE. Cuiram dh'aindeoin air, dingam, fatham, faisgam, timainam, spalpam.

To OBTUND. Deanam maol.

OBTUSE. Maol; tamhach, spaidanta.

OBVENTION. Ni thachras go neoshuidh-ichte ach cintach.

To OBUVIATE. Seachnam, grabbam, tach-airam, coisgam.

OBVIOUS. Teagmhaisach, foilleir, coit-chion.

To OBUMBRATE. Dubhneulam, sgail-ainam.

OCCASION. Am, uair, feim, siocair, cionfath, ocaid, gaobhar, gleus.

OCCASIONAL. Air uaira.

OCCIDENT. Niar, shiar.

OCCIDENTAL. { Niargha.

OCCIDUOUS. { Niargha.

OCCISION. Marbhadh.

OCCULT. Dorch, soluigthe, dothuigfin, ceilte.

OCCUPANT. Sealbhadoir.

OCCUPATION. Ceaird, ealadhain.

## O F F

To OCCUPY. Forghlacam, foireidham, toifaigham, congraitham air eigin; creaplam, foirghnisam.

To OCCUR. Teaghailam, tachairam, tuitam, ammasam.

OCCURRENCE. Teagmhal, cineamh-unin.

OCCURSION. Aircis, airisin, ireas, tachairt, teagmhal.

OCEAN. Aigean, muir, faire, taimh, aibheis.

OCHRE. Ruadhchaile.

OCTANGULAR. Ceitharchearnach.

OCTAGON. Ochdfhlionsnach.

OCTOBER. Ochdmhi.

OCTAVO. Ochdmho.

OCULAR. Suilgha.

OCULIST. Leigh suil.

ODD. Corr; neonach, airid.

ODDNESS. Neochomhthrom, neonachas, iognadh.

ODDS. Corrlach.

ODE. Oran, duain.

ODIUM. Fuath.

ODORIFEROUS. Deaghbholtrach.

ODOUR. Boladh.

OECONOMIST. Fear tighe, no, bean-tighe mhath.

OECUMENICAL. Coitchian.

O'ER. Thairis, thar.

OESOPHAGUS. An sgornan, gailfes, feicbhraghad, an deteighach.

OF (beginning of a book). Tus leabhair.

OFF. Deth, dith, diol, diom, dhinn.

OFF (far off). Anncein.

OFF AND ON. Ais 'us dheth.

OFFAL. Spruilach, fuidhall, danl, Staic, ollog.

OFFENCE. Coirth, cion, lochd, olc, oilbheum, mighar, dollidh, diobhal, urchoid, foghail, gailleamhuin, oirmhire, aithmhír, feag, masladh, sgannul.

To

## O L I

To OFFEND. Gortuigham, lochdam, buailam, tarlam ann teagbhal ri; deanam urchoid dollidh no urchoid.

OFFENSIVE. Urchoidach, lochdach, miothaitnach.

To OFFER. Tairgam, furalam; nim furail, tairgfin, ofral.

OFFER. Tairgse.

OFFERING. Iodhbairt, ofral.

OFFICE. Gairm, oifig, curum.

OFFICER. Oifigach.

To OFFICIATE. Coimhlionam, deanam.

OFFICIAL. Feadhmanta, oifigamhuil.

OFFICIAL. Muintreachal, coinal, frith-attach, sairtach, daimhal, easgaidh, aramh-uil, feadhmantach, dubhrachdach.

OFFICIALNESS. Coinalachd, frithalt-achd.

OFFING. Cumal amach o'n chladach.

To OFFUSCATE. Dorchuigham.

OFT. { Tric, minic.

OFTEN. { Tric, minic.

OFTENTIMES. { Ioma uair.

OFT TIMES. { Ioma uair.

To OGLE. Smeidam.

OGLING. Amharc feircamhuil.

OH! Och!

OIL. Uille, ola.

OILY. Uillgha, olgha.

OINTMENT. Unamaid, ola.

OKER. Vide OCHRE.

OLD. { Sean, aosda, seanda, arsa,

OLDISH. { arsanta, bro, fion, fionach,

OLDEN. { fionidh, caithmhite.

OLDER. Senne.

OLDEST. Seinne.

OLDNESS. Aois, seanduighachd, arsuigh-achd.

OLEAGINOUS. { Vide OILY.

OLEOSE. { Vide OILY.

OLFACtORY. Boltrach.

OLIVE. Meas olgha.

## O P E

OMBRE. Cluithe chairtan.

OMEN. Tuar, targhail, faoscne.

OMENTUM. Scannan faille.

To OMINATE. Tuaram, taraghailam, galraigham.

OMINOUS. Aghor, mio-aghor, saisdin-ach, cineamhnach, tubaifsdach.

OMISSION. Dearmad, sagal, saillighe.

To OMIT. Failligham, leigam dhiom, dearmad do dheanamh.

OMNIFORM. Uilechruthach.

OMNIPOTENCE. Uilechumhachd.

OMNIPOTENT. Uilechumhachdach.

OMNIPRESENCE. Uilelathairach.

OMNISCIENCE. Uilefhiorsrachd.

OMNISCIENT. Uilefhiorsrach.

OMNIVOROUS. Uile-ithach.

ON. Air, air aghi.

ONCE (at once). Aon uair, ann aon uair.

ONE. Aon, aonar.

ONE-EYED. Leathfhuilach, air aon suil.

ONENESS. Aonachd.

To ONERATE. Luchdaigham, ualaigh-am.

ONEROUS. Trom, mar ullach.

ONION. Uinnen.

ONLY. Amhain.

ONSET. { Ionnuidh, dol fios,

ONSLAUGHT. { toisachadh.

ONWARD. Air aghi.

OOZE. Snithadh, sioladh, druidhadh uisge.

To OOZE. Siolam, druidham.

OOZY. Fliuch, falach.

OPACOUS. Dorch.

To OPE. { Fosgalam, sgaolam, suasgal-

OPEN. { am.

OPEN. Fosgailte, sgaolite, suasgailte.

OPEN-HANDED. Fosgaltach, fial.

OPEN-HEARTED. Teochriodhach.

OPENING. Fosgaladh, bealach.

H h h

OPENNESS.

## O P U

## O R G

OPENNESS.	Athais, fosgaltachd.	OPULENT.	Beartach, saibhir, pait.
OPERA.	Teach far am bith ceol beoil agus oirnis.	OR.	No.
To OPERATE.	Oibrugham.	ORACLE.	Airecal, no freagradh De; teampul ann toirar freagradh De.
OPERATION.	Obbair.	ORAISON.	Urnuigh.
OPERATOR.	Oibrugh.	ORAL.	Beoilgha.
OPEROSE.	Diochiollach, dodheanta.	ORANGE.	Oraisde.
OPIATE.	Codaltach.	ORANGE-WIFE.	Bean reic oraifden.
OPTION.	Meas, baramhuil, breithamhlas.	ORATION.	Oraid.
To OPINE.	Baramhuil do thabhart.	ORATOR.	Oraidaiche.
OPINIONATIVE.	Dannartha.	ORATORY.	Urlabhrabhradh. Vide ELOQUENCE.
OPINIONIST.	Aon lan do a bharamhuil fein.	ORB.	Cruinne. Vide CIRCLE.
OPIUM:	Suth codalian.	ORBED.	Cruinn.
OPIDAN.	Neach bheirthar am baile mor.	ORBICULAR.	Cearclach.
To OPPIGNORATE.	Ni fhagal ann geall.	ORBIT.	Cruinnlinn.
OPPONENT.	Fear aighneas, aighneas-foir.	ORCHARD.	Abhalghort.
OPPORTUNE.	Deas, trathamhuil.	ORCHIT.	Clocha gadhair.
OPPORTUNITY.	Trath, fath.	ORDEAL.	Dlige araid ann facsan o chian, dh'orduigh do neach dol air geomhlidh dearg, loisgach; agus ma bu neochiontach e, thigadhe saor o dhochan.
To OPPOSE.	Cuiram ann aghi.	ORDER.	Ordugh, riaghail. Vide METHOD, CUSTOM.
OPPOSER.	Fear chuiras ann aghi, fear conspoid.	To ORDAIN.	Ordaigham, oirnam, eag-raidham, cuiram ann ordugh cleir.
OPPOSITION.	Comhair, cur ann aghi, grabbadh.	To ORDER.	Orduigham, riaghlaicham, cuiram ann ordugh.
OPPOSITE.	Ann comhair a cheile, contrardha.	ORDERLY.	Deas, ann ordugh, riaghail-tach.
To OPPRESS.	Luidham trom air, sonnam, dingam, no faisgam fios, cuiram fios, antromuigham, anuallaigham.	ORDINAL.	Riaghailteach.
OPPRESSION.	Cumal fios, antromaghadh, anuallach.	ORDINANCE.	Lagh, feoladh, ordugh, reachd dlige.
OPPRESSOR.	Fear antromughidh dhaoine eile.	ORDINARY.	Coitchionn, gnathach, cummonta.
OPPROBRIOS.	Miochliutach, mas-lach, narach.	ORDNANCE.	Gunnaidh mhora.
OPTICKS.	Ealadhain a thrachdas air an amharc.	ORDINATION.	Sonnachadh neach chum bhith 'n a shagart.
OPTION.	Roghain.	ORDURE.	Salchar, innair, cac.
OPTATIVE.	Roghainach.	ORE.	Mein.
OPULENCE.	Beartas, saibhras, paitas.	ORGAN.	Ball, mar tha lamh, teanga; oirnis ciuil, organ.

## O S T

ORGANIST. Neach sheinnas air organ.

ORICHALCUM. Mein coppair.

ORIENT. Eirghidh, an ard shoir, no near.

ORIENTAL. Neargha.

ORIFICE. Beul, poll, toll.

ORIFLAMBE. Bratach na Frainc do'n gairthar bratach naomh Dhinnis.

ORIGIN. { Bunudhas, freimh, ceud-

ORIGINAL. } abhar, toisach, geineadh, geineamhuin.

ORIGINAL. Bunudhasach, freamhamhuiil, tusamhuil.

To ORIGINATE. Toisaghaim.

ORINATION. Toisaghadh.

ORLOP. A chrannag.

ORNAMENT. Sgeimh, oirghreas, maife, aille, formhaise, foraile, snas, breaghachd, deachar, deise.

ORNAMENTAL. Dreachamhuil, snas-mhor.

ORNATE. Sgeaduighe, dreachte.

ORNATURE. Sgeadughadh, eidadh.

ORPHAN. Dilachdan, dileachd.

ORTS. Ailen, faladair, bunfeoir.

ORTHODOX. Ceartchreidhmhach.

ORTHODOXY. Ceartchreidamh.

ORTHOGRAPHER. Ceartsgriobhadoir.

ORTHOGRAPHY. Ceartsgriobhadh.

OSIER. Seorsa crann feilaich.

OSSIFRAGE. Seorsa iolair feoil-reubaiach.

OSTENTATION. Spleaghachas, blomas, sgleip, sgleagha.

OSSUARY. Meambra.

OSTENTATIOUS. Spleaghach, blomasach.

OSTENTATOR. Duine lan spleaghais, blomas agus sgleip. Vide BOASTER.

OSTEOLOGY. Trachd air cnamhan.

OSTRICH. Struthchamhul, struth.

OSTIARY. Innbhar, comar.

## O V E

OSTLER. Giolla each.

OTHER. Eile.

OTHERGUISE. Seorsa eile.

OTHERWHERE. Aite eile.

OTHERWHILE. Uair eile.

OTHERWISE. Air mhodh eile, air neo.

OTTER. Dobhran, dobhar-chu, biaisd-dubh, madadh donn.

oval. Ughamhuil.

OVARIOUS. Ughach.

OVATION. Cathreim ameasg nan Ro-manach:

OUCH. Unga, muinshead.

OVEN. Sorn, greadag, bacudhas, uaimh-inn.

OVER, prep. Thairis, thar.

OVER, ad. Ro, an.

To OVERABOUND. Bhith cur thairis:

To OVERACT. Deanam iomarcach.

To OVERAWE. Eagal ro mhór do chur air aon.

To OVERBALANCE. Dhol oscionn, dh'antromaghadh.

To OVERBEAR. Claoídhaim, foireignam.

To OVERBID. Tairgam oscionn.

OVERBOARD. Amach thar bord:

To OVERBURDEN. Antromaigham.

To OVERCAST. } Dorchaigham.

To OVERCLOUD. }

To OVERCHARGE. Deanam ro lan.

To OVERCOME. Claoídhaim, faruigh-am.

To OVERDO. Vide To OVERACT.

To OVERDRIVE. Iomainam ro luath.

To OVEREYE. Amharcam air, beiram fanear.

To OVERFLOW. Cuiram thairis.

OVERFORWARDNESS. Ro mhóran, danadais.

To OVERLOOK. Seallam thairis.

To OVERGO. Racham thairis, fagam.

To OVERGROW. Fafam ro mhór.

To

## O V E

To OVERHALE. Feucham, ceasnigh-am.  
 To OVERHANG. Bhith ann crochadh thairis.  
 OVERHEAD. Oscionn.  
 To OVERHEAR. Farcluaifam.  
 OVERJOY. Ro mhoran gairdachais.  
 To OVERLADE. { Anuallaigham.  
 To OVERLOAD. {  
 OVERLARGE. Ro mhor.  
 To OVERLAY. Mucham.  
 To OVERLEAP. Leiman thairis.  
 To OVERLIVE. Mairtham ni's faide beo.  
 OVERLONG. Ro fhada.  
 To OVERLOOK. Amharcam thairis.  
 To OVERMASTER. { Saruigham, cláidh.  
 To OVERMATCH. {  
 OVERMUCH. Ro mhoran, tuille & coir.  
 OVERNIGHT. Feadh na h oiche.  
 To OVERNAME. Ainmuigham lion fear & fear.  
 OVEROFFICIOUS. Ro dheidhal, ro easgidh.  
 To OVERPASS. Racham thairis, no seachad.  
 To OVERPAY. Thabhart iomarcach paidhaidh.  
 To OVERPOWER. Bhith ni's laidre.  
 To OVERPRIZE. { Ro mhor luach do  
 To OVERRATE. { chur air ni.  
 To OVERREACH. Eirgham go ard, meallam.  
 To OVERRULE. Riaghlaicham, ordugham.  
 To OVERRUN. Sgaolam thairis.  
 To OVERSEE. Riaghlaicham.  
 OVERSEER. Riaghlaichoир, fear amhairc.  
 To OVERSHADOW. Dorchuigham.  
 To OVERSHOOT. Tilgam no cuiram ro fhada.

## O U T

OVERSIGHT. Dearmad.  
 To OVERSLEEP. Coidalam ro fhadha.  
 OVERSOON. Ro luath, ro mhoch.  
 OVERT. Fosgailte, follais.  
 To OVERTAKE. Beiram air.  
 To OVERTHROW. Sgriosam, beiram ar air, claoigidham.  
 OVERTHROW. Sgrios.  
 OVERTURE. Tairgsin.  
 To OVERTURN. Tilgam bun oscionn.  
 OVERWEAK. Ro lag.  
 To OVERWEEN. Bhith ro mheasal air.  
 To OVERWHELM. Batham, cuiram thairis.  
 OVERWORN. Caimhte.  
 OUGHT. Dad, ni sa bith.  
 OVIFORM. Ughamhuil.  
 Oviparous. Ughbhreithach.  
 OUNCE. Unfad ; seorsa beothaich alt, do'n goirthar lincse.  
 OUR. Ar.  
 OURSELVES. Sinn fein.  
 OURSELF. Mi fein.  
 OUSEL. Lon dubh, lon.  
 OUT. Amuigh, amach, mach, as, amach as.  
 OUT ! Ut!  
 To OUT. Cuiram amach, amach as, as ; dibhairam.  
 To OUTBAR. Druidam amach.  
 To OUTBID. Barrachd luach do thaing-fin.  
 OUTBORN. Almharach, coigrach.  
 OUTBOUND. Dol gu tir imchian.  
 OUTBREAK. Bruth, teas.  
 OUTCAST, a. Tilgte amach.  
 OUTCAST, f. Dibhirach.  
 OUTCRY. Gair, buaireadh.  
 To OUTDO. Lamh ann uachdar fhaot-in.  
 OUTER. An leath amach.  
 OUTERMOST.

## OUT

OUTERMOST. An leath iomallach.  
 To OUTFACE. Beiram aghi choimhach air.  
 OUTFORM. Coslas an taobh amuigh.  
 OUTGATE, s. Dorus iomalach.  
 To OUTKNAVE. Mealltoir do mhealladh.  
 OUTLET. Bealach, fosgladh.  
 OUTLINE. Crioch, iomal, teoradh.  
 To OUTNUMBER. Bhith ni's lion-mhoire.  
 OUTMOST. Is faide amach.  
 OUTPART. A' chuid amach.  
 To OUTPOUR. Doirtam amach.  
 OUTRAGE. Eucoir, tarcuis, spiod.  
 OUTRAGEOUS. Fiochmhор, feargach, dioghaltach.  
 OUTRIGHT. As laimh.  
 OUTROAR. Gair mhор, buairadh.  
 OUTSIDE. An leath amach.  
 To OUTSPREAD. Sgaolam amach.  
 To OUTSTAND. Seasmham amach.  
 OUTSTREET. Sraid iomalach.  
 To OUTSTRIP. Dhol thairis.  
 OUTWARD, a. Leath amach.  
 OUTWARD, ad. Ann cein.

## OYS

OUTWATCH. Faire iomallach.  
 To OUTWEAR. Caimhtham amach.  
 To OUTWIT. Meallam, beiram an car as.  
 OUTWORK. Obair iomalach.  
 OUTWORN. Caimhte.  
 OUTWROUGHT. Saruigte.  
 To OWE. Bhith am fiachan no comain.  
 OWING. Am fiachan, coithreach air.  
 OWL. { Cailleach oiche, cumhachag,  
 OWLET. { sgreachag reilge.  
 OWN. Sa, san, fein, ne, (put after the substantive, as) ar lamh-ne, *our own hand* ; do chos-fa, *thy own foot*.  
 To OWN. Aidmuicham ; sealbhuigham.  
 OWNER. Aodhnaire.  
 OX. Damh, bo, mart, fearb, earc, agh, aithne, lannoir.  
 OXLIP. Vide COWSLIP.  
 OXSTALL. Bothigh.  
 OXYMEL. Deoch do mhil & fiongeur.  
 OYSTERS. Eiseirin.  
 OYSTER-WENCH. { Cailin no bean  
 OYSTER-WOMAN. { reicas eiseirin.

## P.

## PAC

PACE: Coisceim.  
 To PACE. Bhith falarachd.  
 PACER (Horse). Falaire.  
 PACIFICATION. Ciuinughadh.  
 To PACIFY. Ciuinuigham.  
 PACIFICK. Ciuin, siothchaintach.  
 PACIFIER. Ciuinuighoir, fear dheanamh, siothchaint.

## PAC

PACK. Allach, ultach, malaid, pac, ceanglachan.  
 To PACK. Ceangalam, pacuigham, cuairsgam.  
 PACKET. Ceanglachan, cuairsgean.  
 PACKET-BOAT. Bad no eithar aifseig.  
 PACK-HORSE. Each imcharas uallach.  
 PACK-SADDLE. Srathair, sumag.

P A L

- PACKTHREAD. Snath fuaidhail.
- PACTION. Conradh, cordadh.
- PAD. Seorsa diolaid; casan; each socarach; foghlughe slighe.
- To PAD. Gluaifam go socarach; deanam foghla air an rod; deanam rod socarach.
- To PADDLE. Bhith plodanachd, plub-lais; bhith 'g unfurtachd.
- PADDLE. Pleadhan, ramh beg.
- PADDOCK. Losgunn. Vide FROG.
- PADDOCK. Cloidh no garadh choimhde feidh, lanngleuta.
- PADLOCK. Glas beg.
- PÆAN. Oran cathreim.
- PAGAN. Paganach, geintilach.
- PAGANISM. An creidamh paganta.
- PAGE. Taobh duilleoig, duilthaobh.
- PAGE. Gioll' earbuill.
- PAGEANT. Ni fa bith air bhreaghadh go sgiamhach chum a thaifeun go fol-lais.
- PAGEANTRY. Ghoirreim, sgoidais.
- PAGOD. Iomhaigh phaganta.
- PAIL. Ciotadh, tuban, miosuir.
- PAIN. Pian, pein, goirtas, dolas.
- To PAIN. Pianam, gortuigham.
- PAINFUL. Piantach, goirt, dolasach, amhgharach.
- PAINS (trouble). Saothair, duagh.
- PAINSTAKER. Saothruighe.
- PAINSTAKING. Saothrach.
- To PAINT. Cinnmhiolam, croinicam.
- PAINT. Dath, deann, cinnmhiol.
- PAINTER. Cinnmhiolthoir, gaifdighe.
- PAINTING (art). { Cinnmhioladh, croin-
- PICTURE. } iceachd.
- PAIR. Caraid, dis, cupla, coingir, lan-amhuin, paidhir.
- To PAIR. Vide To COUPLE.
- PALACE. Paluinn, rioghlann, rioghdhas, breaslann, cuirt, pilait, teach riogha, dunios, luthchuirt.

P A M

- PALATABLE. Blasda.
- PALATE. Carbad uachdarach beoil, blas.
- PALE. Ban, glasdidh, odhar, gorm, banghlas, liathbhan.
- PALE. Falgleuta, fal.
- To PALE. Imdhruidam.
- PALEFACED. Ban, glasdidh.
- PALENESS. Glasdidhachd, bainad.
- PALFREY. Each secarach airson mnaoi.
- PALINODY. Impochadh.
- PALISADOE. Cosnamh nitar le cuailidha mor.
- PALISH. Glasdidh.
- PALL. Falluin, suanach, caba, cosa, gunn, cloca, peall, brat, cocbal, cob; bratt-broin.
- To PALL. Gais do chur air neach.
- PALLET. Uiridh, leabe bheg. Vide BED.
- To PALLIATE. Ciuirinuigham, dionam, leighasam, aotromuigham.
- PALLIATION. Aotromachadh.
- PALLIATIVE. Ni dh'aotromuighas.
- PALM. Bas, clar an dearna; crann pailm.
- To PALM. Bhith lamhrachdiddh.
- PALMER. Taisdiolach chuaidh gu tir Chanan agus thug meangan pailm leis.
- PALMIPEDE. Cosleathann.
- PALMISTRY. Lamhdhraioithachd.
- PALMY. Pailmidh, ionmholtá.
- PALPABLE. Ionmhothuighe, garbh.
- PALPITATION. Bualadh, friothbhualadh.
- To PALPITATE. Bualam, ploscartuigh-am, friothbhualam.
- PALSY. Pairalais, aicidh chriothanach.
- To PALTER. Cealgaireachd do dhean-amh.
- PALTRY. Suarach, truailligh.
- To PAMPER. Giorram, lionam le biadh & deoch.
- PAMPHLET. Leabhran.

PAN.

## P A R

PAN. Panna, seorsa faothaich leath dhoimhann ; Dia breige.

PANACEA. Leighas coitchionn.

PANADA. Aran bruith le uisge.

PANCAKE. Pannag.

PANDER. Druithbhlosgair, druithmhanga air.

PANE. Piosa glainne uinneoig.

PANEGRICK. Duan mollaidh, brasailte.

PANG. Doruin, arraing, pian, ionnsa, uspag.

PANNEL. Braicam, pillinn, sumag.

PANNIER. Cliabhan, cisain, pascart.

To PANT. Vide To PALPITATE.

PANT. Ploscartuich.

PANTHEON. Tigh nan Dea paganach.

PANTHER. Vide OUNCE.

PANTRY. Lanntoir, pullog.

PAP. Sinneadh, ceann cioche ; aran bruith le uisge, biadh paistan.

PAPA. Athair, boban.

PAPACY. Gáirm a' Phapa.

PAPER. Paipair.

PAPIST. Papanach.

PAPISTICAL. Papanta.

PAR. Ioannann.

PARABLE. Cosmolachd.

PARADE. Taisbeunadh, sealladh annosach ; aite spaidsfairachd, faiche, raon.

PARADISE. Parthais.

PARADOX. Frioibharamhuil, friothcheadfidh.

PARADIGM. Vide EXAMPLE, COPY.

PARAGON. Companach, leathbhreac ; ni ro iomlan & oirdheirc.

PARALLEL. Casbanach.

PARALOGISM. Baramhuil bhreugach.

PARAMOUR. Ceile.

PARAPHRASE. Minughadh.

To PARAPHRASE. Minuigham.

PARASITE. Beadaidhan, gailin, milcaire.

## P A R

PARASOL. Sgailain greine.

To PARBOIL. Leathbhruitham.

To PARBREAK. Tilgam, no aisagam amach.

PARCEL. Ceanglachan. Vide BUNDLE.

To PARCEL. Rainnam, ceanglam.

To PARCH. Greadam, tiortham.

PARCHMENT. Meamrum.

To PARDON. Maitham, logham.

PARDON. Mathamhnas.

PARDONABLE. Ionmhaite.

To PARE. Bearram.

PARENT. Athair, nò mathair, tuismigh thoir.

PARENTAGE. Cinneadh, muintir.

PARGET. Aolphlasda.

PARGETER. Aolphasduiche.

PARISH. Sgirachd, parraisde.

PARITY. Cosmulachd.

PARK. Lanngleuta, fe fiadh, seachlog, miolchomhan, cluin, pairc, iomdhruideadh.

To PARK. Iomdhruidam, paircam.

PARLEY. Einach.

PARLIAMENT. Comhdhail, an ard-chomhairle.

PARLOUR. Pronnrios, seomar na drotha.

PARLOUS. Guasachdach, cealgach.

PAROCHIAL. Parraisdeach.

PAROLE. Focal, onoir, gealladh.

PAROXYSM. Taom, brais.

PARRICIDE. Fionnghail, mort athair no mathair.

PARROT. Piorraid.

To PARRY. Seachnam, dionam, imiram le claidhamh.

PARSIMONIOUS. Santach, gleateach, cruaidh, caomhnadh..

PARSIMONY. Caomhnadh, fearachas no beanachas-tighe.

PARSLEY. Pearsal.

PARSNIP.

## P A S

PARSNIP. Meakan.

PARSON. Minisdair no sagart sgirachd.

PARSONAGE. Beathain minisdair, tigh minisdair.

PART. Cuid, rainn, earrun, cuibhrionn, pairt, blaiddh, dal, mir.

To PART. Rainnam, blaitham, miram, dealaigham.

To PARTAKE. Gabham cuid, no rainn.

PARTAKER. Rannphartuiche, pairtuiche, cuallidhe, companach.

PARTER. Fear eidargin.

PARTIAL. Claon, falsidh.

PARTIALITY. Claonaireachd.

To PARTICIPATE. Pairtuicham, gabham pairt.

PARTICIPATION. Rainnphairt, comh-

PARTICIPLE. } rainn.

PARTICLE. Ponc.

PARTICULAR. Airid, aonda:

PARTITION. Rainn, sgoith.

PARTLY. Cuid dheth.

PARTNER. Pairtuiche, comhdhamhsair. Vide PARTAKER.

PARTNERSHIP. Compantas.

PARTRIDGE. Peirleog, cearcethomain.

PARTY. Buidhan, compait; tagroir.

PARTY-COLOURED. Breac, ioldathach.

PARTY-MAN. Duine aimhreitil.

PAS. Ceim toisach.

PASCHAL. Caifg.

To PASS. Folbham, racham seachad, no thart, no thairis; caimhtham; beiram.

PASS. } Bealach, flighe, rod cumh-

PASSAGE. } ang; coingiol; cead, comas; ionnsuidh, fathadh.

PASSABLE. Noch dsheudar dol thairis.

PASSAGE. Aifag.

PASSENGER. } Taifdiolach.

PASSER.

PASSIBLE. Culbhiosach, ionfhlulanga.

## P A T

PASSING. Dol seachad; inmhach, mor, oirdheirc.

PASSION (of mind). Fulang na h aigne.

PASSION-WEEK. Seachdmhuin na paisce no a' cheusaidh.

PASSIONATE. Obbuin, cas; claon chum feirg, no corrugh.

PASSIONATELY. Ann corrugh, feirg.

PASSIVE. Fulangach.

PASSIVENESS. Fulangas.

PASSOVER. Caifg.

PASSPORT. Cead siubhal.

PAST, a. Seachad.

PAST (time). Ann allod, o chian, an aimsir seachad.

PASTE. Glaodh, fuidradh, taos.

PASTEBOARD. Leabharchlar.

PASTERN. Rutin.

PASTIME. Caithamh aimsir, tearischuidachd.

PASTOR. Treudaidhe; aodhaire; buachaille.

PASTORAL, a. Buachuillach.

PASTRY. Deanamh piothana.

PASTRY-COOK. Fuinadair piothana.

PASTURAGE. } Innaltradh.

PASTURE. }

To PASTURE. Iniltham, inghiltam, innaltram.

PASTY. Piathan.

PAT, a. Deas, coimhdheas.

PAT, f. Boisag, buille beg.

To PAT. Buailam go aotrom, crioduicham.

To PATCH. Caram, cludam; sgeamham.

PATCH. Clud, preaban.

PATCHER. Preabanaiche, cludaire.

PATE. Ceann, cloigionn.

PATENT, f. Cead an riogh, ceart o'n riogh.

PATERNAL. Athairach, duthchasach.

PATH.

P A Y

PATH. Slighe, rod, casan.  
 PATHWAY. { Slighe, rod, casan.  
 PATHETICK. Gluaisdeach, coruigh-ach.  
 PATHLESS. Gan flighe.  
 PATIENCE. Foighidin, fulang.  
 PATIENT. Foighidinach.  
 PATIENT, f. Duine tinn.  
 PATRIARCH. Ardathair, priomhathair.  
 PATRICIAN. Do uaisle na Roimh.  
 PATRIMONY. Oighréachd, no cuid muintirdha.  
 PATRIOT. Duine diolas do a dhuthich.  
 To PATROL. Cuartuigham.  
 PATRON. Fear dion, no cairdais; neach aig am bheil coir air beathan eaglais do thabhart.  
 PATRONAGE. Dion, tearmun; ceart eaglais do thabhart.  
 To PATRONISE. Dion, tearmunn do thabhart.  
 PATRONYMICK. Sloinneadh, cinneadh.  
 PATTEN. Brog iarruin & mhaide le mhan.  
 PATTERN. Eisamlair.  
 PAUCITY. Beagan, lughad.  
 To PAVE. Cabhsfair do dheanamh.  
 PAVEMENT. Cabhasfair, pabhal.  
 PAVER. Cabhasairuiche.  
 PAVILION. Pailliún.  
 PAUNCH. Maodal, gaile.  
 PAUSE. Sdad.  
 To PAUSE. Sdadam.  
 PAW. Crog, crub.  
 To PAW. Sgrobam.  
 PAWN. Geall.  
 PAWNBROKER. Fear bheir airgad air geall.  
 To PAY. Diolam, paidham.  
 PAY. Diol, paidhadh, luaidhachd; du-algús.  
 PAYABLE. Re phaidhadh no a dhiol.  
 PAYMENT. Diol.

P E D

PAYER. Diolthoir.  
 PEA. Peasir.  
 PEACE. Sioth, siothchaint, socair.  
 PEACOCK. Pebhchaolach.  
 PEAHEN. Pebhcearc.  
 PEACEABLE. { Siothchaintach, socarach.  
 PEACEFUL. { Siothchaintach, socarach.  
 PEACEMAKER. Siothchaintuighe.  
 PEACH. Peitseog.  
 PEAK. Rinn, binnain.  
 PEAL. Gair chlag, fothrum mor, ciot.  
 PEAR. Peur.  
 PEARL. Neamhun, cloch uasal.  
 PEARLEYED. Aig am bhéil sgámal air an t suil.  
 PEAR-TREE. Craobh pheur.  
 PEASANT. Tuathanach, bédach.  
 PEASANTRY. An tuath.  
 PEASCÓD. { Cochul no spalag pheffair.  
 PEASHELL. { ach.  
 PEASE. Peffair.  
 PEAT (turf). Moine.  
 PEBBLE. Grigag, spruidghainamh.  
 PECCADILLO. Peccadh beg.  
 PECCANT. Peccach, cioutach.  
 PECK. Peic.  
 To PECK. Piocam, piullam.  
 PECKER. Eun a phiocas, no phiullas.  
 PECTORAL. Uchdgha.  
 PECULATION. Foghluidhachd air a chummonta.  
 PECULIAR. Sonnruighe, airid, dual, dileas.  
 PECUNIARY. Airgaide.  
 PEDAGOGUE. Fear theagasc leanabh.  
 PEDANT. Maisdir sgoil.  
 PEDANTICK. Sgoidaisach, brodal as fhoghlum fein.  
 PEDANTRY. Sgoidais, brod as foghlum.  
 PEDESTAL. Bun colomh no carrtha.  
 PEDESTRIOUS. Coisgha.  
 PEDICULAR. Miolach.

## P E N

PEDIGREE. Glun ginealaich, ceim gin-  
alaich.

PEDLAR. Ceannuiche seachrain.

To PEDDLE. Min-earradha do dhiol.

PEDOBAPTISM. Baifdadh-leanabh.

To PEEL. An croicionn no a' chairt do  
thort amach, ruisgarn.

PEEL. Croicionn, cairt, rusg.

To PEEP. Feucham ro pholl, amhairc-  
am.

PEEPER. Eoin og as a' phlaosg.

PEER. Companach, duine ionnann ; duine  
onorach, uasal.

PEERAGE. Onoir mormhaoir.

PEERESS. Beanmormhaoir.

PEERLESS. Gan choimas.

PEEVISH. Friotalach, crosanta, doriar-  
tha.

PEEVISHNESS. Doriarthachd.

PEG. Pinnadh, cranntarruing.

PELF. Airgad, cim, cearb.

PELICAN. Eun uaignach.

PELLET. Meall beg cruinn.

PELLICLE. Sgannan, seithadh.

PELLITORY OF SPAIN. Lus na  
Spaine.

